

Bòrd na Gàidhlig – Aithriseadh air Beàrn Pàighidh nan Gnè aig Màrt 2022.

Ro-ràdh

Fo riatanasan an Riaghaltais, feumar aithris aon bhliadhna an dèidh làimhe, agus mar sin bidh aithriseadh airson 21/22 stèidhicthe air an t-suidheachadh a bh' ann aig 31 Màrt 2022 agus feumar a chur a-steach ro dheireadh 30 Màrt 2023.

Airson aithriseadh air beàrn pàighidh nan gnè, feumar coimhead air:

- An diofar (mar cheudad) eadar am pàigheadh cuibheasach a gheibh fireannaich is boireannaich ('beàrn pàighidh nan gnè chuibheasach')
- An diofar eadar am pàigheadh-meadhain a gheibh fireannaich is boireannaich (puing-mheadhain nan reatan pàighidh fa leth sa bhuidhinn - 'beàrn pàighidh nan gnè meadhain')
- Cothromachadh fireannaich is boireannaich thar an luchd-obrach uile, agus ann an ceithir buidhnean den aon mheud nuair a tha iad air an rangachadh a rèir pàigheadh ('cairtealaean')
- Thathar ag iarraidh air fastaichean obrachaidhean a-mach fa leth a dhèanamh a thaobh pàigheadh 'àbhaisteach' (a' gabhail a-steach cuibhreannan, fiù 's ged nach bi iad a' buntainn ris a h-uile duine) agus pàigheadh 'duaise'. A chionn 's nach bi a' bhuidheann a' taigse dhuaisean, chan fheumar aithriseadh ach air pàigheadh 'àbhaisteach' a-mhàin.

Toraidhean

Thathar a' gabhail a-steach dàta airson an dà bhliadhna roimhe airson coimeas a dhèanamh.

Am pàigheadh gach uair a thìde cuibheasach airson fireannaich (sùim iomlan airson nan reatan gach uair a thìde airson fireannaich / (roinnte leis) an àireamh de fhireannaich).

am Màrt 2020	£24.93
am Màrt 2021	£24.49
am Màrt 2022	£24.39

Am pàigheadh gach uair a thìde cuibheasach airson boireannaich (sùim iomlan airson nan reatan gach uair a thìde airson boireannaich / (roinnte leis) an àireamh de bhoireannaich).

am Màrt 2020	£16.80
am Màrt 2021	£17.67
am Màrt 2022	£20.29

The mean pay gap (mean hourly rate of men – mean hourly rate of women/mean hourly rate of men x 100)

am Màrt 2020	32.6%
am Màrt 2021	27.8%
am Màrt 2022	16.8%

'S e reat gach uair a thìde meadhain nam fireannach £24.35 agus 's e an reat airson nam boireannach £18.78.

	Fireannaich	Boireannaich
am Màrt 2020	£23.51	£15.47
Amz Màrt 2021	£24.22	£16.70
am Màrt 2022	£24.35	£18.78

'S e beàrn pàighidh nan gnè meadhain 22.87%.

am Màrt 2020		34.1%
am Màrt 2021		31.0%
am Màrt 2022		22.87%

Cairtealan Pàighidh	2020	2021	2022
ìosal	Fireannaich – 0% Boireannaich – 100%	Fireannaich – 0% Boireannaich – 100%	Fireannaich – 16.67% Boireannaich – 83.33%
Meadhanach-ìosal	Fireannaich – 40% Boireannaich – 60%	Fireannaich - (60%) Boireannaich - (40%)	Fireannaich - (40%) Boireannaich - (60%)
Meadhanach-Àrd	Fireannaich – 0% Boireannaich – 100%	Fireannaich - 0% Boireannaich – 100%	Fireannaich - (20%) Boireannaich - (80%)
Àrd	Fireannaich – 83% Boireannaich – 17%	Fireannaich - (67%) Boireannaich - (33%)	Fireannaich - (60%) Boireannaich - (40%)